


AN
FHÈIS
PHOILITIGS
2018



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba



PRÒGRAM

SMAOIN &
BEACHD NAN
COINNEAMH



DICIADAIN 10 -
DISATHAIRNE 13 DÀMHAIR

parliament.scot/festival

FÀILTE BHON OIFIGEAR RIAGHLAIDH

Tha Pàrlamaid na h-Alba pròiseil gu bheil sinn a' cumail na Fèis Poilitigs agus a' cur prògram air adhart a tha ag amas air daoine de gach aois is eachdraidh a bhrosnachadh gu sèisteachd, deasbad is gabhail pàirt.

Tha an Fhèis Phoilitigs nis na 14mh bliadhna agus tha e a' dèiligeadh ri raon chuspairean, a' gabhail a-steach cinn-bliadhna is iomairtean chùisean mòra sòisealta, cultarach is poilitigeach an t-saoghail bho 1918 a-mach: bho Bhòtaichean do Bhoireannaich gu iomairt #AgusMise; deireadh a' Chogaidh Mhòir agus cho cudromach 's a tha cuimhneachan; Bliadhna Òigridh na h-Alba; poilitigs taigheadais, ciorraim agus bhancaichean bidhe; buaidh is buil Brexit, cogaidhean marsanta is Cogadh Fuar ùr; agus sreath mun àm ri teachd a' coimhead air cleachdadh fhònaichean-làimhe is buaidh nam meadhanan sòisealta, eaconamaidh nan ròbotan agus mar a tha craoladh poblach ag atharrachadh.

Am measg na tha a' gabhail pàirt bidh na h-urramaich poilitigeach am Morair Mìcheal Heseltine agus a' Bhaintighearna Màiread Hodge BP, an neach-eachdraidh an Seann Àrd-ollamh Sir Tom Devine OBE, sgoilear agus ùghdar a tha mòr-mheasail air feadh an t-saoghail, an t-Àrd-ollamh Màiri Beard, am bàrd agus nobhailiche a choisinn Duais Booker Ben Okri, agus an neach-beachd sòisealta agus buannaiche Duais Orwell Darren McGarvey, ris an canar Loki.

Tha dealas aig an luchd-labhairt againn uile a bhith a' bruidhinn a-mach mu chùisean poilitigeach is sòisealta cudromach, adhbhar a tha sinn air leth toilichte gu bheil sinn a' toirt aogheachd do phrògram poilitigeach suaicheanta a' BhBC, *Question Time*, mar phàirt den Fhèis am-bliadhna.

Bidh Café Bar na Fèis air bhoil le mòr-chruinneachadh chòisirean, ceòl is dannsa. Bidh taisbeanadh ealain bhon cho-chruinneachadh nobhailean grafaigeach a' comharradh bhòtaichean do bhoireannaich san RA, *We Shall Fight Until We Win* ri fhaicinn ri taobh *Never Such Innocence*, taisbeanadh de dh'ealain agus bàrdachd le clann-sgoile mun Chogadh Mhòr.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri fàilte a chur air luchd-tadhail na Fèise airson ceithir latha de dheasbad spreigeach, togarrach.

Am Fìor Urr Coinneach Mac an Tòisich BPA

Oifigear Riaghlaidh

DICIADAIN 10 DÀMHAIR

Brexit – Lèirsgrios no Miorbhail?

15.45 - 17.15
£6.00/£4.00

Air 29 Màrt 2019 fàgaidh an Rìoghachd Aonaichte an t-Aonadh Eòrpach, a' toirt 46 bliadhna de bhallrachd gu crìoch. Dè a' bhuidhe a bhios air malairt, tasgadh, in-imrich, fastadh agus tèarainteachd? Thig còmhla ri ar cathraiche, Rachel Sylvester, *The Times*, agus luchd-panail an t-Àrd-ollamh Graham Gudgin, *Briefings for Brexit*, an t-Àrd-ollamh Nicola NicEòghainn, Oilthigh Dhùn Èideann; agus Dr Kirsty Hughes, Stiùiriche Ionad Dhàimhean Eòrpach na h-Alba, a dheasbad air na dh'fhaodadh tachairt, math is dona.

Cogaidhean Malairt

16.00 - 17.30
£6.00/£4.00

Le còmhraidhean rèiteachaidh G7 agus Brexit a nis làn connspaid is eas-aonta, tha e coltach gu bheil compàirtichean malairt an t-saoghail air cùl a chur ri malairt shaor, chothromach a tha gu leas na h-uile. Thig còmhla ri ar cathraiche Leas-oifigear Riaghlaidh Cairistìona Ghreumach BPA agus luchd-panail a' gabhail a-steach an t-Àrd-ollamh Mìcheal Keating, Oilthigh Obar Dheadhain; Dùghlas Friseal, Neach-deasachaidh Eaconamachd a' BhBC; agus Dr Eva Pocher, Oilthigh Ghlaschu, gu ciall a dhèanamh de na riaghailtean malairt ùra, taraifean agus a' bhuil a bhios air an luchd-ceannaich.

A' seachas ris a' Mhorair Mìcheal Heseltine

18.00 - 19.30
Seòmar Deasbaid
£8.00/£6.00

Tha am Morair Mìcheal Heseltine gu tric ga chomharradh mar aon de na h-uaislean Tòraidheach, a' nochdadh dreuchd urramach aig cridhe poilitigs agus ann am pàrtaidh ris an tug e seirbheis airson 35 bliadhna mar BP, a' gabhail a-steach a bhith na mhinistear ann an riaghaltasan Mhàiread Thatcher agus Iain Major, gu sònraichte mar Leas Phrìomhaire.

Thig còmhla ris a' Mhorair Heseltine ann an còmhradh ris an Oifigear Riaghlaidh agus iad a' bruidhinn mu dheidhinn a bheatha aig Westminster mar Cheann-suidhe a' Bhùird Mhalairt, Ministear an Dìon, laoch ath-nuadhachadh bailteil agus mar bhreithniche sgaiteach air Brexit, agus e a' bruidhinn air toradh an Referendum 2016 mar - "an cruaidh-chàs bun-reachdail as miosa anns an àm a tha sinn beò." Ma tha ùidh agad ann am poilitigs, feumaidh tu bhith ann.

DIARDAOIN 11 DÀMHAIR

Sealladh Film – Red Skirts on Clydeside (U)

13.30 - 14.10

An-asgaidh ach àireamh chuibhrichte de shuidheachain

Film aithriseach air leth inntinneach mu bhith ag ath-lorg eachdraidh bhoireannach, a' cleachdadh stailc màil Ghlaschu ann an 1915 agus prìomh luchd-iomairt leithid Màiri Barbour agus Jean Ferguson mar fhòcas.

Bruach Chluaidh Dhearg às dèidh 100 Bliadhna

14.45 - 16.15

£6.00/£4.00

Rinn Achd Riochdachaidh an t-Sluaigh 1918 leudachadh air a' chòir bhòtaidh aig àm nuair a thàinig poilitigs radaigeach Ghlaschu, le stailcean màil, aonaidhean ciùird agus còraichean sòisealta gu àirde ann am Blàr Cheàrnaig Sheòrais nuair a choinnich tancaichean ri 100,000 luchd-obrach a' togail fianais. Thig còmhla ris a' chathraiche Monica Lennon BPA agus luchd-panail Maggie Craig, ùghdar; an t-Àrd-ollamh Iain MacIllEathain, Oilthigh Oxford; agus Dr Billy Kenefick, Oilthigh Dhùn Dèagh, a bhruidhinn air cumhachd is dileab Bhruach Chluaidh Dhearg airson poilitigs na h-Alba.

Olagarcachd Neo-thaghte – A' Bhuidheann Beachdachaidh

14.45 - 16.15

£6.00/£4.00

Tha buaidh air a bhith aig buidhnean beachdachaidh air poileasaidh agus beachdan a' phobaill fad bhliadhnaichean ann am Breatainn; ach dè a th' anna? Thig còmhla ris a' chathraiche Sue Chamshron, craoladair, agus luchd-panail Jane-Frances Kelly, Stiùiriche, Institiùd Dhàibhidh Hume; Rebecca Lowe, Institiùd Chùisean Eaconamach; agus Sim Duffy, Stiùiriche, Ionad Ath-leasachadh Shochairian, a dheasbad a bheil buidhnean beachdachaidh a' riochdachadh nan uaislean corporra is ionmhasail nach deach a thaghadh, no a' lìbhrigeadh rannsachadh is eòlas air a bheil cruaidh fheum ann an deasbad poblach?

Claon-bhreith: Saoraich d' Inntinn!

15.15 - 16.45

£6.00/£4.00

Carson a tha cuid de dhaoine gam meas airidh air càineadh air sgàth creideamh, cinneadh, taobhadh feise, ciorram agus gnè? Ciamar as urrainn do bhuidhnean poilitigeach agus an comann catharra seasamh an aghaidh leth-bhreith stèidhte

nuair a lorgar e anns gach buidheann phoblach bho sgoiltean chun a' mhargaidh cosnaidh? Thig còmhla ri Pàdraig Harvie BPA agus luchd-panail an t-Àrd-ollamh Niall Chakraborti, Oilthigh Leicester; Dr Maureen McBride, Oilthigh Ghlaschu; agus Talat Yaqoob, neach-iomairt co-ionannachd, a dheasbad strì an aghaidh claon-bhreith.

Sealladh Film - *Oh! What a Lovely War* (PG)

15.30 - 17.55
Gach tiogaid £5.00

Brosnachail agus brònach, tha am film iomraiteach, sàr ealanta seo bho 1969 a' cur an cèill èiginn a' chogaidh mhòir mar gu bheil e a' tachairt ann an taigh-ciùil drabasta. Air a stiùireadh le Rìseard Attenborough, tha iomadh rionnag a' gabhail pàirt, leithid Dirk Bogarde, Laurence Olivier agus Maggie Nic a' Ghobhainn.

Seirbheis na Slàinte aig 70 – Neo-sheasmhach?

17.00 - 18.30
£6.00/£4.00

Ann an compàirteachas leis an Oilthigh Fhosgailte ann an Alba

Tha an NHS 70 bliadhna a dh'aois. Thig còmhla ri ar luchd-panail Gavin Francis, dotair teaghlaich agus ùghdar; Sue Chamshron, craoladair; Theresa Fyffe, Stiùiriche, Colaiste Rìoghail an Nursaidh Alba; agus Eilidh Puttick, *The Times*, a dheasbad a bheil lèirsinn Bevan agus Beveridge den NHS fhathast fallainn no a bheil neamhnaid phrìseil na stàit shochairan a' dol na uilebheist nach gabh a shàsachadh. An gabh poilitigs a thoirt a-mach à còir na h-uile air cùram slàinte agus leas nan euslainteach a chur na phrìomhachas?

Beatha taobh a-muigh an Aonaidh Eòrpaich

17.15 - 18.45
£6.00/£4.00

Ged nach eil nàdar na dàimh eadar an Rìoghachd Aonaichte agus an t-Aonadh Eòrpach fhathast cinnteach, tha dàimh dhùthchannan leithid Nirribhidh, Canada is Innis Tìle leis an Aonadh Eòrpach a' toirt beachd dhuinn air cò ris a dh'fhaodadh cùisean a bhith coltach. Thig còmhla ri ar cathraiche Anna Packard, Ball-sgoilearach Urramach an RIAS, agus luchd-panail a' gabhail a-steach Jill Rutter, Institiùd airson Riaghaltais; agus Lesley Riddoch, *Nordic Horizons*, a bhruidhinn mu mhalairt, an eaconamaidh agus cultar ann am beatha taobh a-muigh an Aonaidh Eòrpaich.

Sluagh, Pàrlamaidean, Cothroman?

17.15 - 18.45

£6.00/£4.00

Ann an compàirteachas le Panail Cuimhneachaidh Canon Kenyon Wright

Airson iomadh duine a' coimhead air, tha coltas ann gu bheil deamocrasaidhean bun os cionn, gu bheil poilitigs troimhe chèile agus gu bheil luchd-bhòtaidh a tha air an dòchas a chall an impis ar-a-mach. Tha cothroman ann airson adhartas ge-tà. Bho bhun-reachd Innis Tìle a rinneadh le tional-bheachd an t-sluaigh gu na cathair-bhailtean dàna, tha ath-smaoineachadh radaigeach, bunasach a' tighinn am bàrr aig cridhe poilitigs. Thig còmhla ris a' chathraiche Shelagh Wright, nighean Canon Kenyon Wright, agus luchd-panail Birgitta Jónsdóttir, co-stèidheadair a' Phirate Party, Jamie Kelsey-Fry, *New Internationalist* agus Brett Hennig, ùghdar agus Stiùiriche Fonndas Sortition.

Cead a bhith Oilbheumach

17.45 - 19.15

£6.00/£4.00

Ann an compàirteachas le *Battle of Ideas*

Bha uair nach robh teagamh ann gum b' e buadh a bh' ann an saorsa cainnte. Le oilthighean fo bhagairt càin mura ceadaich iad saorsa cainnte nan àrainnean, ciamar a stiùireas sinn eadar seo agus saorsa a bhith oilbheumach? Thig còmhla ri ar cathraiche Claire Fox, *Battle of Ideas*, agus luchd-panail a' gabhail a-steach Dr Joanna Williams, sgoilear agus ùghdar; Nik Williams, Scottish PEN; agus ùghdar is neach-beachd Gerry Hassan.

An Cogadh Mòr – Ath-smaoineachadh air Cuimhneachan

18.30 - 20.00

£6.00/£4.00

Ann an compàirteachas le Acadamaidh Bhreatainn

Stèidhich an Cogadh Mòr nòsan cuimhneachaidh airson na thuit ann an cogadh, a bha ùr aig an àm. Thig còmhla ri ar cathraiche Mànus Linklater, *The Times*, agus luchd-panail an t-Àrd-ollamh Hew Strachan, Oilthigh Chill Rìmhinn agus Ball-sgoilearach Acadamaidh Bhreatainn; Jenny Waldman, Stiùiriche, 14-18 Now; agus Lucy Kentish, taisbeanadh *Never Such Innocence*, a bhruidhinn air ciamar agus carson a tha cogaidhean air an cuimhneachadh agus am bu chòir an cuimhneachadh idir.

Dè nis airson #MeToo?

19.30 - 21.00

£6.00/£4.00

Nochd an iomairt #MeToo gràin bhoireanneach a bha a' toirt buaidh air gach pàirt den chomann shòisealta air feadh na cruinne. An e puing tionndaidh a tha seo nuair a dh'fhaodar atharrachadh a thoirt gu buil agus neo-ionannachd is sàrachadh feise a dhubhadh às? Thig còmhla ris a' chathraiche Ceit Shannon, neach-naidheachd, agus luchd-panail a' gabhail a-steach Dr Joanna Williams, ùghdar agus sgoilear; Diane Atkinson, eòlaiche eachdraidh agus ùghdar; agus Tomiwa Folorunso, Iomairt nam Ban Òga a bhruidhinn air dè tha san amharc airson iomairt #MeToo?

A' seachas ri Ben Okri

20.00 - 21.00

£8.00/£6.00

Ann an compàirteachas le Mìos Eachdraidh Dhaoine Dubha

Choisinn Ben Okri Duais Booker leis an nobhail *The Famished Road*, agus cha b' urrainn don leabhar as ùire aige, *Rise Like Lions: Poetry for the Many*, a bhith air tighinn aig àm na b' fheàrr. An dèidh dha am marbhrann drùidhteach, *Grenfell Tower June 2017*, a sgrìobhadh airson luchd-fulaing na tubaist, thagh e 100 dàn bho air feadh an t-saoghail - bho Bob Marley gu Marvin Gaye agus Shakespeare – a' comharrachadh an iomadh seòrsa guth poilitigeach a th' ann. Thig còmhla ris an Oifigear Riaghlaidh agus Ben Okri gus bruidhinn air an fheum air dàin phoilitigeach agus a' bhuidhe a th' aca air beachdan, lèirsinn, gearan, atharrachadh agus firinn.

Àm-cheistean a' BhBC

Thèid prìomh phrògram deasbad poilitigeach a' BhBC a chumail ann an Seòmar Deasbaid Pàrlamaid na h-Alba. Is e seo a' chiad turas a chumadh am prògram ann am prìomh sheòmar pàrlamaid san RA. Le David Dimbleby sa chathair, bidh panail luchd-poilitigs, luchd-beachd is aoighean eile a' deasbad chùisean na seachdain le luchd-èisteachd air an taghadh bhon sgìre mun cuairt.

Ma tha thu ag iarraidh a bhith san èisteachd no ma tha ceistean sam bith agad mu na h-uairean airson a bhith san èisteachd, bu chòir faighneachd do *BBC Question Time*. Faodaidh tu tagradh a chur a-steach tro làrach-lìn *Question Time* <https://bbc.in/2y5ldBx> no fònadh thuca air 0330 123 9988.

DIHAOINE 12 DÀMHAIR

A' seachas ris a' Bhaintighearna Màiread Hodge BP

15.00 - 16.30
Seòmar Deasbaid
£8.00/£6.00

A dh'aindeoin dreuchd phoilitigeach fad 40 bliadhna ann an riaghaltas ionadail agus nàiseanta, dh'fhaodar a ràdh gun do thog a' Bhaintighearna Màiread Hodge aire an t-sluaigh gu fìor ann an 2010 mar Chathraiche cumhachdach na Comataidh Chunntasan Poblach. Thig còmhla ris an Oifigear Riaghlaidh agus a' Bhaintighearna Hodge airson beachdachadh air an leabhar aice, *Called to Account: How Corporate Bad Behaviour and Government Waste Combine to Cost Us Millions*, agus mar a chaidh i gu dìoghrasach an tòir air follaiseachd agus cunntachalachd bhon a h-uile duine bho na companaidhean fìor-mhòr corporra eadar-nàiseanta Amazon, Starbucks agus Google gu seirbheisich chatharra. Bruidhnidh a' Bhaintighearna Hodge cuideachd mu a beatha ann am poilitigs agus na dh'fhiosraich i de ghràin-lùdhach taobh-staigh is taobh a-muigh a' Phàrtaidh Làbaraich.

Riaghaltasan Toilichte

15.15 - 16.45
£6.00/£4.00

Chaidh còir air beatha, saorsa is tòir toileachais a stèidheachadh ann an Gairm Neo-eisimeileachd nan Stàitean Aonaichte. An e toileachas an t-sluaigh mòr-adhbhar riaghaltais no an deach luchd-poileasaidh a chur air seachran le saidhc-eòlaichean cognatach is Clàr an Toileachais? Thig còmhla ris a' chathraiche Shelagh Wright agus luchd-panail a' gabhail a-steach an t-Àrd-ollamh Lynne Segal, Oilthigh Lunnainn, ùghdar *Radical Happiness*; Lizzie Spencer, Manaidsear Slàinte is Cùram Sòisealta; agus Lesley Riddoch, *Nordic Horizons*.

An do Ghoid an Ginealach an dèidh an Dàrna Cogaidh mo Chothroman Beatha?

16.00 - 17.30
£6.00/£4.00

Ann an compàirteachas le Pàrlamaid Òigridh na h-Alba

Air sgàth an neirt dheamografaigich, tha làmh an uachdair aig ginealach an dàrna cogaidh air an dùthaich againn. Ach an do choisinn iad beairteas, slàinte, taighean agus seasmhachd ionmhasail le bhith a' milleadh leas an cuid chloinne is oghaichean? Thig còmhla ri ar cathraiche Catriona Stiùbhart, *The Herald* agus luchd-panail, Dr Jennie Bristow, sgoilear agus ùghdar *Baby Boomers and Generational Conflict*; Torsten Bell, Stiùiriche, Fonndas Resolution; Ciaran O'Neill

MSYP; agus Jack Dudgeon MSYP, Leas-chathraiche, Pàrlamaid Òigridh na h-Alba, a bhruidhinn air cothromachd eadar na ginealaich.

Uaislean no Ìochdarain?

17.00 - 18.30
£6.00/£4.00

Chan eil ùmhlachd do dh'uaislean a-nis cho cumanta agus dh'fhaodte gu bheil seo a' dèanamh chùisean clas nas duiliche aithneachadh, ach le mì-chothromachd is bochdainn a' dol am meud, a bheil e fìor gu bheil Breatainn air cùl a chur ri clas? Thig còmhla ri ar cathraiche Kenny Farquharson, *The Times*, agus luchd-panail a' gabhail a-steach Claire Ainsley, Stiùiriche, Fonndas Iòseph Rowntree; Darren McGarvey ris an canar Loki, ùghdar *Poverty Safari*; Chris Snowdon, ùghdar *The Spirit Level Delusion*; agus Iain Boothman, *The Times*, a bhruidhinn air gluasadachd shòisealta agus inbhe air sgàth luaich.

Aimeireaga – Dàrna Teirm don Cheann-suidhe Trump?

17.15 - 18.45
£6.00/£4.00

Le taghaidhean meadhain-teirm a' tighinn san t-Samhain 2018, dè tha an dàn don Cheann-suidhe Trump agus na Staitean Aonaichte? Thig còmhla ri ar cathraiche Leas-oifigear Riaghlaidh Linda Fabiani BPA agus luchd-panail a' gabhail a-steach Catriona Philp, *The Times*; Brendan O'Neill, *The Spectator*; Jason Box, neach-tomhais beachd às na Stàitean; agus Dr Meryl Kenny, Oilthigh Dhùn Èideann, a bheachdachadh air buadhan is lochdan Ceannas Trump gu ruige seo.

Eachdraidh air Dìochuimhne: Na Fuadaichean

17.30 - 19.00
Seòmar Deasbaid
£8.00/£6.00

Tha an leabhar ùr, radaigeach aig an neach-eachdraidh, Sir Tom Devine, *The Scottish Clearances: A History of the Dispossessed (1600-1900)* na ath-mhìneachadh dubhlanach gun samhail air aon de na cuspairean as connspaidich ann an eachdraidh na h-Alba – na Fuadaichean. Thig còmhla ris a' chathraiche an t-Oifigear Riaghlaidh agus an Seann Àrd-ollamh Sir Tom Devine OBE; agus Stana Nenadic, Àrd-ollamh Eachdraidh Shòisealta is Chultarach, Oilthigh Dhùn Èideann agus iad a' beachdachadh às ùr air an iomadh fear, boireannach agus leanabh a thàinig fo bhuidhe nam fuadaichean. Thig agus ionnsaich carson a tha an leabhar a' bagairt air cuid de na beachdan as stèidhichte a th' aig an nàisean mun àm a dh'fhalbh.

Imrich Àrainneachdail

17.45 - 19.15

£6.00/£4.00

Ann an compàirteachas leis an RSE

Ro 2015 tha e air thuairmeas gum bi tiormachd, tuiltean is doinnean a' cur ruaig air 200 millean "fògarraich cliomaid" a dh'fheumas an dachaighean fhàgail. Am feum Astràilia a dhol na fhàsach agus Lunnainn a dhol fo uachdar na mara mus bi riaghaltasan deònach dad a dhèanamh ma dheidhinn? Thig còmhla ri luchd-panail a' gabhail a-steach Dr Alasdair Rennie, *Scotland's Dynamic Coast*; Imani Jacqueline Brown, neach-iomairt à New Orleans; an t-Àrd-ollamh Gabriele Hegerl, Oilthigh Dhùn Èideann; agus Ben Webster, *The Times*, a dheasbad air cò a shàbhaileas an àrainneachd agus a dhèiligeas ri imrich mòr-shluaigh.

A' sabaid gu Pròiseil – LGBT+ agus na Feachdan Armailteach

18.15 - 19.45

£6.00/£4.00

Ann an compàirteachas le SPOut

Thig còmhla ris a' chathraiche Jamie Greene BPA agus luchd-panail Dr Emma Vickers, Oilthigh John Moores Liverpool; Duncan Lustig-Prean, neach-iomairt LGBTI; Elaine Chambers, ùghdar *This Queer Angel*; agus Dùghlas Ward MBE, Oifigear Logastachd a' Chabhlaich Rìoghail, a bhruidhinn air a' bhuaidh a bh' aig daoine LGBT+ air feachdan armailteach Bhreatainn bhon Chogadh Mhòr, agus mar a thug an cogadh buaidh air leasachadh na h-iomairt LGBT+ san RA.

Cò luchd-seilbh is luchd-glèidhidh Fearann na h-Alba?

19.15 - 20.45

£6.00/£4.00

Thathas ag ràdh gu bheil Alba an seilbh àireamh uabhasach beag de dhaoine is companaidhean. Thig còmhla ri ar cathraiche Leas-oifigear Riaghlaidh Linda Fabiani BPA agus luchd-panail Anndra Wightman BPA agus an t-ùghdar Ninian Stiùbhart, Ionad Stiùbhardachd; David Johnstone, Coimisean Fearainn is Oighreachdan na h-Alba; agus Megan NicAonghais, Coimisean Fearainn na h-Alba, a bhruidhinn air seilbh fearainn ann an Alba agus am bi an t-ath-leasachadh fearainn a tha san amharc a' peanasachadh luchd-glèidhidh dicheallach a tha a' libhrigeadh chosnaidhean, dachaighean is seasmhachd do choimhearsnachdan dùthchail.

Luchd-sìthe an 21mh Linn

19.45 - 21.15

£6.00/£4.00

Cò na daoine falaichte aig a bheil buaidh air cumhachd is sìth agus as urrainn staing niùclasach a rèiteach ann an cogaidhean domhanta? Thig còmhla ri ar cathraiche an t-Àrd-ollamh Iain Sturrock QC agus luchd-panail am Morair Browne fear Ladyton, a bha na Rùnaire an Dìon; Màidsear Seanailear Màrtainn Mac a' Ghobhainn nam Maraichean Rioghail (air chluaineas); Dr Jasmine Gani, Oilthigh Chill Ribhinn; Marc Muller Stiùbhart QC, Neach-rèite airson nan Dùthchannan Aonaichte; agus Siobhán Fenton, neach-aithris BBC Èirinn a-Tuath, airson bheachdan air liut na dioplòmasachd.

A' seanchas ri Darren McGarvey ris an canar Loki

20.00 - 21.30

Seòmar Deasbaid

£8.00/£6.00

Ann an compàirteachas leis an Oilthigh Fhosgailte ann an Alba

Tha Darren McGarvey, ris an canar Loki, na sgrìobhadair, cleasaiche, neach-iomairt coimhearsnachd agus neach-colbh. Chaidh an leabhar aige *Poverty Safari*, a bhuannaich Duais Orwell o chionn ghoirid, aithris le Irvine Welsh mar “leabhar-làimhe ath-bheothachaidh inntinn is spioraid dha muinntir an taoibh chli.” Bha e na rapper-air-mhuinntireas aig Aonad Lùghdachadh Fòirneirt Phoileas Alba agus thathas a' sireadh a bheachdan fad is farsaing bho *BBC Question Time* gu *The Guardian*. Thig còmhla ri Darren agus an t-Oifigear Riaghlaidh gus beachdachadh air “gnìomhachas na bochdainn”; ciamar a bheirear riochdachadh poilitigeach don fheadhainn aig nach eil e, agus fearachas sa chlas-obrach anns an 21mh linn, mar a chaidh a sgrùdadh sa chlàr ùr aige, *Trigger Warning*.

DISATHAIRNE 13 DÀMHAIR

Poilitigs is na Meadhanan Sòisealta

11.00 - 12.30
£6.00/£4.00

Ann an 2008 bha mu 1.5 millean tweet a' buntainn ri taghaidhean poilitigeach. Ann an 2012, bha 31 millean ann. Thig còmhla ris a' chathraiche Johann NicLaomainn BPA agus luchd-panail Paolo Gerbaudo, ùghdar *Tweets and the Streets*; Victoria Boelman, Fonndas Young; agus Ben Mac a' Phearsain BPA, a dheasbad mun atharrachadh seo ann an conaltradh poilitigeach agus a' bhuidhe a th' aige air gach nì bho cò agus cia mheud a nochdas airson bhòtadh ann an taghadh gu giùlan thagraichean poilitigeach agus a' bhagairt air deamocrasaidh didseatach.

Tha na Ròbotan a' tighinn!

11.15 - 12.45
£6.00/£4.00

Ann an compàirteachas le Fòram Àm ri Teachd na h-Alba

Tha mòran den bheachd gum bi fèin-obrachas ann an dreuchdan, gnìomhachas agus seirbheisean poblach a' stiùireadh cùrsa luath gu pàrras ann an àm às dèidh calpachas. Thig còmhla ris an luchd-panail an t-Àrd-ollamh Chris Speed, Oilthigh Dhùn Èideann; Victoria Turk, *Wired UK*; Aaron Fernandez, *Communic18*; agus Louise Nic a' Ghobhainn, Ceannard Didseatachaidh, Bancadh Pearsanta is Gnothaich, RBS, a dheasbad a bheil teicneòlas gar saoradh bho obair no ag adhbharachadh isleachadh pàighidh agus daingneachadh ana-cothoim.

Càite am Bi Sinn A' fuireach?

11.45 - 13.15
£6.00/£4.00

Tha cion dachaigh air dùblachadh san RA bho 2010 agus tha an àireamh luchd-seilbh dhachannan aig an ìre as ìsle ann an 30 bliadhna. Thig còmhla ris a' chathraiche Calum Chomczuk, Institiùd Taigheadais Cairte, agus luchd-panail Adam, Shelter Alba; an t-Àrd-ollamh Glen Bramley, Oilthigh Heriot-Watt; agus Dawn Foster, *The Guardian*, a bhruidhinn air adhbharan na h-èiginn taigheadais agus a bheil am fuasgladh ri lorg ann an mòr-thogail thaighean, smachd air màl agus ath-leasachadh radaigeach air tasgadh fearainn.

Youthquake

12.45 - 14.15

£6.00/£4.00

Ann an compàirteachas le Acadamaidh Bhreatainn, *The Conversation* agus Pàrlamaid Òigridh na h-Alba

B' e "*Youthquake*," facal 2017 ann am Faclair Oxford. Bho luchd-iomairt òga air Brexit, Neo-eisimeileachd na h-Alba agus mar a dh'fhàs cliù Jeremy Corbyn – tha barrachd ùidh aig òigridh ann am poilitigs na bha riamh, a rèir coltais. Thig còmhla ris a' chathraiche Laura Hood, *The Conversation*, agus luchd-panail Dr Benjamin Bowman, Oilthigh Bath; Amy Lee Fraioli MSYP; an t-Àrd-ollamh Pòl Whiteley, Ball-sgoilearach Acadamaidh Bhreatainn; agus Josh Ceannadach MSYP, Leas-chathraiche Pàrlamaid Òigridh na h-Alba, a dheasbad an urrainn don youthquake mòr-atharrachadh a thoirt air poilitigs.

A bheil am Fòn agad Puinnseanta?

13.00 - 14.30

£6.00/£4.00

Tha e coltach gun seall sinn ri ar fòn 47 uair san latha, sa chuibheasachd. Thig còmhla ris an luchd-panail Tanya Goodin, ùghdar *Stop Staring at Screens*; Dr Zaheer Hussain, Oilthigh Derby; Dev Kornish, Buidheann Ceannas Òigridh 5Rights; agus James Williams, Institiùd Eadar-lìn Oxford gus an teiceòlas impidheach seo a dheasbad agus faighinn a-mach cò aig a bheil seilbh is smachd air na chì sinn, mar a nì sinn conaltradh agus an giùlan againn.

A' seachas ris an Àrd-ollamh Màiri Beard

13.30 - 15.00

Seòmar Deasbaid

£8.00/£6.00

Ann an compàirteachas leis an Oilthigh Fhosgailte ann an Alba

Sàr-shaoi nan sgoilearan clasaigeach; dèidheil air droch-chainnt, agus a' seasamh cor nam ban gu smior a cnàmhan, is i an t-Àrd-ollamh Màiri Beard an sgoilear a sgrìobh agus a thaisbean sreath *Civilizations* a' BhBC agus ùghdar an leabhair *Women and Power* air a bheil fèill mhòr air feadh an t-saoghail. Thig còmhla ris an Oifigear Riaghlaidh agus an Àrd-ollamh Màiri Beard anns an tachartas seo nach bu chòir a chall.

Seirbheis Craolaidh Phoblach san Àm-ri-teachd

13.30 - 15.00

£6.00/£4.00

Ann an compàirteachas le BBC Scotland

An adhbharaich seirbheisean sruthaidh leithid Netflix agus Amazon deireadh T.Bh. mar as aithne dhuinn e, no a bheil barrachd feum air seirbheis craolaidh poblach na bha riamh? Thig còmhla ris a' chathraiche Torin Douglas, a bha na neach-aithris mheadhnan aig a' BhBC agus luchd-panail a' gabhail a-steach Anndra Billen, *The Times*; agus an t-Àrd-ollamh Seumas Bennett, Oilthigh Rìoghail Holloway Lunnainn, a dheasbad an urrainn don t-seirbheis craolaidh poblach atharrachadh gus coinneachadh ri feumalachdan saoghail a tha a' sìor fhàs didseatach, agus ciamar.

Surfadh-sòfa – Cion Dachaigh am measg na h-Òigridh

13.45 - 15.15

£6.00/£4.00

A dh'aindeoin an ainm, chan eil dad spòrsail mu bhith a' giùlan na th' agad san t-saoghal ann am бага gus an lorg thu sòfa air an caidil thu. Air sgàth an àrdachaidh anns an uiread dhaoine aois 16 gu 24 a dh'fheumas 'fuireach' air sòfa caraid, thig còmhla ris a' chathraiche Anndra Wightman BPA agus luchd-panail Nick Milne, *Social Bite*; Lynsey Hanley, *The Guardian*; agus Dr Beth Watts, Oilthigh Heriot-Watt, a bhruidhinn air adhbharan is fuasglaidhean na dòigh-beatha chugallaich seo.

A' Cho-fheall Mhòr

15.00 - 16.30

£6.00/£4.00

Ann an linn naidheachdan brèige, tha teòraidhean mu cho-fheall a' dol am meud, bhon Illuminati gu ionnsaigh 9/11. Thig còmhla ri ar cathraiche Anna Packard, Ball-sgoilearach Urramach RIAS, agus luchd-panail a' gabhail a-steach Dr Hugo Drochon, Oilthigh Cambridge; Robin Ramsay, neach-deasachaidh *The Lobster*, agus Magnus Linklater, *The Times*, a dheasbad mar a bhios faoin-sgeul agus saobh-chràbhadh a' sgaoileadh, agus a' biathadh air ar n-eagal is ar creideamh mun t-saoghal.

Bodhaig gun Smal

15.15 - 16.45

£6.00/£4.00

Ann an compàirteachas le Girlguiding Alba

Le àireamh gun samhail de bhoireannaich òga a' gearan air tinneas inntinn agus galaran bidhe, is tric a tha na meadhanan agus beachdan a' chomainn shòisealta air an cronachadh airson ìomhaighean bodhaige nach eil reusanta a chur air adhart a tha a' brosnachadh dìth misneachd ann an daoine òga san fharsaingeachd. Thig còmhla ris a' chathraiche Katie Horsburgh, Girlguiding Alba agus luchd-panail Michelle Elman, ùghdar agus neach-comhairle ann am misneachd bodhaige; Dr Eve Hepburn, sgoilear is neach-blog *Fearless Femme*; Hannah Brisbane, Girlguiding Alba; agus Ibrahim Naizam, *Communic18*, a bhruidhinn air an iomairt ùir air ìomhaigh bodhaige adhartach a tha a' cur dùbhlann ri beachdan mu bhòidhchead.

Daoine Mì-nàdarrach Èibhinn: Ciorram agus Àbhachdas

15.45 - 17.15
£6.00/£4.00

Fhuair suirbhidh ann an 2017 a rinn a' bhuidheann charthannais ciorram *Scope* gun robh aon duine às gach ceathrar a' seachnadh bruidhinn ri daoine ciorramach air sgàth faireachdainn mì-chofhurtail agus eagal gun canadh iad an rud ceàrr. Thig còmhla ri luchd-panail a' gabhail a-steach Dr Sharon Lockyer, Ionad Rannsachaidh air Eòlas Àbhachdais, Oilthigh Brunel; Dr Frances Ryan, *The Guardian*; agus Laurence Clark, comaig, a dheasbad nam beachdan ceàrr as cumanta mu chiorram, agus a dh'fhaighneachd a bheil àbhachdas le daoine ciorramach a' cuideachadh ann a bhith ag atharrachadh bheachdan.

Thig còmhla ri Laurence Clark airson seisean àbhachdais AN-ASGAIDH ann an Café Bar na Fèise às dèidh an deasbaid.

Sealladh telebhisein - *Cathy Come Home* (PG)

15.45 - 17.00
An-asgaidh ach àireamh chuibhrichte de shuidheachain

Air a thaghadh mar an dràma telebhisein singilte as fheàrr agus am prògram T.Bh. as buadmhoire riamh san RA, chaidh an dràma aithriseach BBC seo le Ken Loach mu dìth dachaigh a chraoladh airson a' chiad uair ann an 1966 agus chunnaic cairteal de shluagh Bhreatainn e.

An Ruis an aghaidh An Iar – Cogadh Fuar Eile?

16.00 - 17.30
£6.00/£4.00

Tha an dàimh eadar an Ruis agus an Iar air leth fuar an-dràsta, ach mas e strì airm is inntinn a bh' anns a' Chogadh Fhuar, tha duilgheadasan na linne seo mar gheama tàileisg de phoilitigs cumhachd. Thig còmhla ris a' chathraiche Jason Box, neach-

tomhais bheachd sna Stàitean Aonaichte, agus am panail a bhruidhinn air ro-innleachdan poilitigeach.

Cò ris a tha Co-ionannachd Gnè Coltach?

16.15 - 17.45
£6.00/£4.00

Tha Fòram Eaconamach an t-Saoghail ag ràdh gun dùin a' bhèarn pàighidh eadar na gnèithean – ach nach tachair e gu 2095. Thig còmhla ri luchd-panail Melanie Reid, *The Times*; Emma Ritch, *Engender*; Suki Wan MSYP, Cathraiche, Pàrlamaid Òigridh na h-Alba; agus an t-Àrd-ollamh Lesley Yellowlees, Ball-sgoilearach Chomann Rìoghail Dhùn Èideann, a bhruidhinn air an eòlas fhèin air co-ionannachd gnè bho chothromachadh beatha/obrach gu pàigheadh co-ionnan; dàimhean is àbhaistean sòisealta, agus mar a dhùineas sinn a' bhèarn sin nas tràithe.

Brexit agus Daoine Òga

17.30 - 19.00
£6.00/£4.00

Sheall anailis dheamografaigeach air bhòt Brexit gun do bhòt 73% de dhaoine fo aois 24 a thàinig a-mach a bhòtadh, airson fuireach san Aonadh Eòrpach, an taca ri 40% thar aois 60. Thig còmhla ri ar luchd-panail Tom Harwood, *Vote Leave NUS*; Alicja Pawluczuk, Oilthigh Napier Dhùn Èideann; Caroline NicPhàrlain, Stiùiriche, *Common Vision*; Jack Norquoy MSYP; agus Emma Ruse, *Communic18*, a bhruidhinn air na tha an dàn do dh'òigridh ann am Breatainn às dèidh Brexit.

Dè tha ceàrr air Bancaichean Bidhe?

18.00 - 19.30
£6.00/£4.00

Deich bliadhna air ais 's e annas a bh' ann am banca bidhe. Ann an 2018 tha còrr is 400 banca bidhe aig Urras Trussell fhèin air feadh na RA. Thig còmhla ris a' chathraiche Leas-oifigear Riaghlaidh Cairistìona Ghreumach BPA agus luchd-panail a' gabhail a-steach an t-Àrd-ollamh Iain McKendrick, Oilthigh Cailleannach Ghlaschu; Emma Revie, Ceannard, Urras Trussell; agus Iain Sturrock, *Collaborative Scotland*, a dheasbad an e comharradh air comann sòisealta làidir na RA a th' ann am bancaichean bidhe agus cùis nàire nach eil iad air a bhith ann nas fhaide.

Boireannaich Sgreamhail

18.15 - 19.45
£6.00/£4.00

Ann an compàirteachas le 404 Ink

Thig còmhla ri foillseachairean buadhmhòr *404 Ink*, Laura Jones agus Heather McDaid, agus luchd-panail Chitra Ramaswamy, neach-naidheachd agus ùghdar; agus Nadine Aisha Jassat, bàrd agus sgrìobhadair, a chomharradh a' chruinneachaidh aistidhean, agallamhan is cunntasan aca, *Nasty Women*, a fhuair taic bho Màiread Atwood. Chaidh an cruinneachadh fhoillseachadh mar shluagh-ghairm an aghaidh dalm-bheachd agus neo-ionnanachd, agus tha e a' cur an cèill na tha an lùib a bhith boireann anns an 21mh linn air dà thaobh a' Chuain Shiar.

A bheil an t-Eadar-lìon A' marbhadh Deamocrasaidh?

18.15 - 19.45

£6.00/£4.00

Ann an compàirteachas le Fòram Àm ri Teachd na h-Alba

Mar a sheall an sgaoileadh dàta a rinneadh le *Facebook/Cambridge Analytica*, faodaidh an tionndadh didseatach a bhith a' bagairt air deamocrasaidh. Thig còmhla ri luchd-panail Seumas Bartlett, Stiùiriche Ionad Anailis nam Meadhanan Sòisealta aig DEMOS, neach-aithris telebhisein, ùghdar *The People v Tech: how the internet is killing democracy*; agus James Williams, Institiùd Eadar-lìn Oxford, agus roimhe sin, Google, a dheasbad air an fheum a bhith nar saoranaich ghnìomhach, a' dìon thaghadh saora agus a' sàbhaileadh deamocrasaidh!

Taisbeanaidhean

We Shall Fight Until We Win – A Century of Pioneering Political Women

Taisbeanadh ìomhaighean a thaghadh bho leabhar brosnachail a' comharradh ceud bliadhna de bhoireannaich air thùs anns an strì gus co-ionnanachd a chosnadh agus a bhith air thoiseach ann an saoghal poilitigs.

Never Such Innocence

Tha an taisbeanadh seo a' sealltainn obair-chruthachail chloinne-sgoile na RA a choisinn duais sa phròiseact *Never Such Innocence*, a thug clann an nàisein an lùib comharradh a' Chogaidh Mhòir tro ionnsachadh, bàrdachd, ealain agus ceòl.

Ceòl

Ann am prògram beothail ciùil, dannsa agus chòisirean AN-ASGAIDH am-bliadhna aig Café Bar na Fèise, bidh *Folksville*, an club acoustic as fhèillmhoire sa cheanna-bhaile, cho math ris na *Dee Ukes* à Dùn Dèagh. Faic parliament.scot/festival airson làn phrògram is clàr-ama Café Bar na Fèise.

Fios mu Thiocaidean

Faodar tiocaidean airson gach tachartas a chlàradh air-loidhne aig parliament.scot/festival

Tha clàradh ro-làimh ga mholadh gus a bhith cinnteach gum faigh thu na tha thu ag iarraidh.

Gheibh thu dearbhadh air post-d nuair a chlàraicheas tu. Bu chòir dhut seo a thoirt leat nuair a thig thu don tachartas.

Sguirear a reic tiocaidean air-loidhne dà uair a thide ro gach tachartas.

Faodar beagan tiocaidean a chlàradh le bhith a' nochdadh aig Pàrlamaid na h-Alba.

Air latha an tachartais, dh'fhaodte gum bi tiocaidean sam bith a th' air fhàgail rim faighinn bho Dheasg na Fèis ann an Café Bàr na Fèis.

Thathar a' moladh nochdadh 30 mionaid mus tòisich an tachartas.

Fiosrachadh eile

Tha làn phrògram ùraichte na Fèis Poilitigs ri fhaighinn air-loidhne aig parliament.scot/festival

Tha am fiosrachadh seo ceart aig àm dol gu clò ach tha sinn a' glèidheadh còir tachartas sam bith atharrachadh no a chur dheth. Cùm sùil air parliament.scot/festival airson fiosrachadh ùr, no cuir fios air loidhne-fòn na Fèis Poilitigs air 0131 348 5200. Chan urrainn dhuinn airgead a phàigheadh air ais no tiocaidean iomlaid mura tèid tachartas a chur dheth.

Is dòcha gun dèan sinn craoladh no craoladh-lìn air tachartasan na Fèis Poilitigs air parliament.scot/tv no air [fb.com/scottishparliament](https://www.facebook.com/scottishparliament). Is dòcha gum bi ìomhaighean den luchd-èisteachd no daoine eile sa phoball an lùib seo.

Is dòcha cuideachd gum bi dealbhan camara no bhidio gan togail mun cuairt, agus am broinn, togalach Pàrlamaid na h-Alba.

Chan eil uallach air Pàrlamaid na h-Alba no Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba airson beachdan a thèid a luaidh feadh na Fèis Poilitigs.

Prisean

Tha làn phrìs ga shealltainn fo tiotal gach tachartais. Tha an lasachadh prìse ri taobh na làn phrìs.

Tha lasachadh prìse ri fhaighinn do chlann aois 5 gu 16, luchd-seilbh cairt Young Scot, daoine aois 60 agus nas sine, oileanaich, daoine gun obair agus daoine ciorramach. Tha a h-uile tachartas ann an Café Bàr na Fèis AN-ASGAIDH.

Gheibh neach-cùraim a thig còmhla ri duine ciorramach a-steach an-asgaidh.

Café Bar na Fèis

Uairean Fosglaidh

Diciadain 10 Dàmhair 14:45 - 18:00

Diardaoin 11 Dàmhair 14:00 - 21:30

Dihaoine 12 Dàmhair 14:00 - 21:30

Disathairne 13 Dàmhair 10:00 - 21:30

A' faighinn thugainn

Tha a h-uile tachartas stèidhichte ann am Pàrlamaid na h-Alba. Tha sinn a' moladh gun cleachd luchd-tadhail còmh-dhail phoblach uiread 's a ghabhas nuair a thig iad don Phàrlamaid. Gheibhear fiosrachadh air busaichean is còmh-dhail phoblach eile air làrach-lìn Traveline travelinescotland.com no le fònadh 0871 200 22 33.

Tha sinn 15 mionaid de chois eachd bho stèisean trèana Waverley Dhùn Èideann. Tha na pàircean chàraichean as fhaisge aig St John's Hill (bho Rathad Thaigh an Ròid) no mu choinneamh Stèisean Waverley, tro New Street.

A' cur fios thugainn

Diluain gu Diardaoin: 10:00 - 17:00

Dihaoine 10:00 - 16:00

0131 348 5200 / 0800 092 7600 airson fiosrachadh mu thadhal

Fiosrachadh mun Fhèis Phoilitigs:

0131 348 5200

Post-d: visit@parliament.scot /
festivalofpolitics@parliament.scot

Faodaidh tu cuideachd an t-seirbheis Text Relay a chleachdadh no fios a chur air Scotland-BSL(contactscotland-bsl.org)

Seirbheisean Luchd-tadhail

Pàrlamaid na h-Alba,
Dùn Èideann, EH99 1SP

Prìobhaideachd

Gheibhear ar poileasaidh prìobhaideachd is roinn dàta an seo:
parliament.scot/privacy

Tha a h-uile àite far am bi tachartas aig Pàrlamaid na h-Alba:

- so-ruigsinn le lioft no air làr rèidh agus do dhaoine ann an cathraichean-cuibhle.
- a' cur fàilte air coin-treòrachaidh no coin-cuideachaidh eile
- uidheamaichte le goireasan induction loop
- a' libhrigeadh mìneachadh ann an Cànan Soidhnidh Bhreatainn (BSL) gun iarraidh aig cuid de thachartasan (faic am prògram). Faodar taic conaltraidh iarraidh aig tachartasan eile.

Cuir fios thugainn ro-làimh ma tha feumalachdan ruigsinneachd agad.

Cuir fios gu Pàrlamaid na h-Alba cho luath 's a ghabhas ma tha feum agad air taic conaltraidh no taic eile. Bidh am prògram seo ri fhaighinn ann an cruthan eile le iarrtas.